

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Na Sia Bonnaich Bheaga (2)

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 1,034. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 730 corresponds to Litir 1,034.

Bha mi ag innse dhuibh na sgeulachd ‘Na Sia Bonnaich Bheaga’. Bha am famhair na chadal. Rinn nighean an fhamhair sia bonnach beaga. Chuir i fear ri taobh an teine agus fear aig uisge nan cas. Chuir i fear aig doras an t-seòmair agus fear aig doras a’ chidsin. Chuir i fear ri taobh na leapa agus fear aig a’ bhobhstair. Theich i fhèin agus an gille.

Dhùisg am famhair. ‘A bheil thu a’ dol a laighe, a nighean?’ ghlaodh e.

‘Tha mi a’ smàladh an teine,’ thuir am bonnach beag a bha ri taobh an teine.

Chaidil am famhair a-rithist. Nuair a dhùisg e, thuir e, ‘A bheil thu a’ dol a laighe, a nighean?’

‘Tha mi a’ glanadh mo chasan,’ ars am bonnach beag a bha ri taobh uisge nan cas.

Chaidil am famhair a-rithist. Nuair a dhùisg e, thuir e, ‘A bheil thu a’ dol a laighe, a nighean?’

‘Tha mi a’ fosgladh an dorais,’ ars am bonnach beag aig doras an t-seòmair.

Chaidil am famhair a-rithist. Nuair a dhùisg e, thuir e, ‘A bheil thu a’ dol a laighe, a nighean?’

‘Tha mi a’ glasadh an dorais a-muigh,’ thuir am bonnach beag aig doras a’ chidsin.

Chaidh am famhair a laighe. Nuair a dhùisg e, thuir e, ‘A bheil thu a’ dol a laighe, a nighean?’

‘Tha mi a’ **cur dhìom m’ aodaich**,’ ars am bonnach ri taobh na leapa.

Chaidil am famhair a-rithist. Nuair a dhùisg e, thuir e, ‘A bheil thu a’ dol a laighe, a nighean?’

‘Tha mi a’ togail m’ aodaich-oidhche,’ ars am bonnach beag aig a’ bhobhstair.

Chaidil am famhair a-rithist. An turas seo, nuair a dhùisg e, agus nuair a dh’èigh e, ‘A bheil thu a’ dol a laighe, a nighean?’, cha d’ fhuair e freagairt.

Dh’èirich e agus **chuir e air a chuid aodaich** ’s a bhòtannan. Dh’fhalbh e a-mach. Nuair a bha a bhòtannan air, bha e a’ dèanamh seachd mìle air a h-uile ceum.

Chuala an nighean am famhair a’ tighinn. ‘Seo m’ athair,’ thuir i ris a’ ghille. ‘Bidh e ag iarraidh ar marbhadh. Ach tha laigse aige. Tha ball-dòrain aige.’ Thog i ubhal òir agus dh’amais i air a bhall-dhòrain e. Thuit am famhair marbh.

Chùm an nighean agus an gille orra. Bha iad a’ tighinn faisg air baile mòr. Bha iad le chèile a’ dol a shireadh obair. Dh’aontaich iad gur dòcha nach biodh iad còmhla fad na h-ùine ach thug an nighean rabhadh don ghille. ‘Ma bheir thu pòg do

bheathach no duine fhad 's a tha sinn anns a' bhaile,' thuirt i, 'cha bhi cuimhn' agad gun robh mo leithid ann.'

Nuair a ràinig an gille am baile, thàinig cù mòr dha ionnsaigh. Chuir an cù a spòg mu mhuineal a' ghille, 's thug e pòg dha. Agus, an dèidh sin, dhìochuimhnich an gille nighean an fhamhair. Fhuair e obair ann an taigh an rìgh sa bhaile mhòr. Ghabh nighean an rìgh gaol air, agus bha iad a' dol a phòsadh.

Nise, fhad 's a bha seo a' tachairt, bha nighean an fhamhair a' coimhead airson obair is àite-fuirich anns a' bhaile mhòr. Cha do lorg i càil ach obair aig gobha ann an ceàrdach. Agus innsidh mi dhuibh dè thachair an uair sin nuair a bheir mi an stòiridh gu crìch.

* * * * *

Faclan na Litreach: Na Sia Bonnaich Bheaga: *The Six Wee Bannocks*; na chadal: *sleeping*; dhùisg: *woke*; laigse: *weakness*; ball-dòrain: *mole*; rabhadh: *warning*; dhìochuimhnich: *forgot*.

Abairtean na Litreach: uisge nan cas: *the foot water (for cleaning feet when people went barefoot)*; fear ri taobh na leapa agus fear aig a' bhobhstair: *one next to the bed and one at the mattress*; a' smàladh an teine: *smoothing the fire*; chaidil am famhair a-rithist: *the giant slept again*; a bheil thu a' dol a laighe, a nighean?: *are you going to bed, daughter?*; a' fosgladh an dorais: *opening the door*; 'tha mi a' togail m' aodaich-oidhche,' ars am bonnach beag aig a' bhobhstair: *'I'm lifting my night clothes,' said the wee bannock at the mattress*; cha d' fhuair e freagairt: *he didn't receive a reply*; nuair a bha a bhòtannan air, bha e a' dèanamh seachd mìle air a h-uile ceum: *when his boots were on him, he made seven miles with every step*; bidh e ag iarraidh ar marbhadh: *he'll be wanting to kill us*; thog i ubhal òir: *she picked up a golden apple*; dh'amais i air a bhall-dhòrain e: *she aimed it at the mole*; thuit am famhair marbh: *the giant fell dead*; bha iad le chèile a' dol a shireadh obair: *they were both going to look for work*; gur dòcha nach biodh iad còmhla fad na h-ùine: *that they would perhaps not be together all the time*; ma bheir thu pòg do bheathach no duine: *if you kiss an animal or person*; cha bhi cuimhn' agad gun robh mo leithid ann: *you won't remember that such a person as me existed*; thàinig cù mòr dha ionnsaigh: *a big dog came to him*; chuir an cù a spòg mu mhuineal a' ghille: *the dog put its paw on the boy's neck*; thug e pòg dha: *it gave him a kiss*; cha do lorg i càil ach obair aig gobha ann an ceàrdach: *she found nothing but work for a smith in a smiddy*.

Puing-chànain na Litreach: Tha mi a' cur dhìom m' aodaich: *I'm taking off my clothes*. I've adhered to the traditional mode here, as did the original storyteller, of putting the object noun (aodach) in the genitive case (aodaich) following the verbal noun a' cur and given that it is a definite noun following the (possessive) article mo (m'). Some modern speakers might say a' cur dhìom m' aodach. You could also say a' cur dhìom mo chuid aodaich.

Gnàthas-cainnt na Litreach: chuir e air a chuid aodaich 's a bhòtannan: *he put on his clothes and his boots*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA